



## Tiotal: Mo bhodhaig

Ìre: TRÀTH

### Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gu bheil coltachdan is eu-coltachdan againn ach tha sinn uile gun choimeas. HWB 0-47a</p> <p>Tha mi mothachail air mo chorp a' fàs agus tha mi ag ionnsachadh nan ainmean ceart airson nan diofar phàirtean agus mar a tha iad ag obair. HWB 0-47b</p> <p>Tha mi a' faighinn barrachd tuigse air bodhaig dhaoine agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadhus gus mo shunnd agus mo shlàinte a chumail suas agus piseach a thoirt orra. HWB 0-15a</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>A' comharrachadh nan rudan a tha coltach agus diofraichte mu bhodhaigean</li><li>Air chomas innse mar a bhios bodhaigean ag atharrachadh 's iad a' fàs</li><li>Air chomas pàirtean na bodhaig ainmeachadh a' cleachdadhus nan ainmean cearta, me bod, magairlean, pit agus sinean.</li></ul>

### Amasan Ionnsachaidh

- 'S urrainn do chlann pàirtean bodhaig a chomharrachadh agus na h-ainmean cearta a chleachdadhus.
- 'S urrainn do chlann innse carson a tha e cudromach iad fhèin a chumail glan.
- 'S urrainn do chlann innse ann an dòigh bhunaiteach mu bhith a' nighe an làmhan agus a' glanadh am fiaclan.
- 

### Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha fios agam gum bi mo bhodhaig ag athrrachadh nuair tha mi a' fàs
- Tha fios agam gu bheil ainmean air na pàirtean dem bhodhaig a chithear.
- Tha mi a' tòiseachadh air tuigsinn gu bheil cuid de na pàirtean bodhaig agam prìobhaideach.
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil cuid de rudan eadar-dhealaichte eadar balaich agus nigheanan.
- Tha fios agam carson a tha e cudromach mi-fhìn a chumail glan agus ciamar a ghabhas mi uallach airson seo.

### Ceangal ris an Dachaigh

Tha fiosrachadh do phàrantan agus do luchd-cùraim aig gach ìre air làrach RSHP. Tha ceanglaichean ris an dachaigh ann am feadhainn de na gnìomhan a thathar a' moladh. Tha leabhraichean air am moladh airson an ionaid/sgoil – ghabhadh iad seo cuideachd cur dhan leabharlann.

## Prìomh fhaclan/briathrachas

- |                     |           |                                 |
|---------------------|-----------|---------------------------------|
| • Inbheach          | • Nighean | • Coltach                       |
| • Gàirdean          | • Fàs     | • Clach-bhalg                   |
| • Bodhaig           | • Làmh    | • Eadar-dhealaichte             |
| • Tòin              | • Ceann   | • Magairlean                    |
| • Balach            | • Glùin   | • Òrdagan                       |
| • Pàiste/clann      | • Cas     | • Gun shamhail                  |
| • Eadar-dhealaichte | • Beul    | • Mùn (a' dol dhan taigh-bheag) |
| • Cluasan           | • Sinean  | • Pit                           |
| • Sùilean           | • Sròn    |                                 |
|                     | • Bod     |                                 |

## OBAIR

Gabhaidh ionnsachadh planadh, agus faodaidh e tachairt nuair a dh'èireas cothrom-ionnsachaidh gu nàdarra nuair a tha clann agus luchd-foghlaim a' còmhradh, no nuair a thachras rudeigin sònraichte. Tha e fior cuideachd gun urrainn dhuinn fhìn na cothroman sin a chruthachadh, agus mar sin tha beachdan an seo air leabhrachaean, cluich agus gnìomhan eile a chuireas taic ri ionnsachadh RSHP aig tràth-ìre.

*Ma tha sibh an dùil làrach-lìn mar YouTube a chleachdad, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.*

---

<b>Òrain agus rannan</b>	Thoir a-steach cuspair no pròiseact mun bhodhaig. Mar thoiseach-tòiseachaidh, dèan seisean spòrsail le òrain agus rannan mun bhodhaig. Òran mar: <i>Head, Shoulders, Knees and Toes</i> <i>Hokey Cokey (You put your left arm in....)</i> <i>The Skeleton Dance</i> (the one that goes 'The knee bones connected to the....) <a href="https://youtu.be/Pbl4BNkAq_U">https://youtu.be/Pbl4BNkAq_U</a> Òran a' criochnachadh aig 1mion 45.
<b>Dèan dealbhan meud pàiste agus cuir leubailean air na pàirtean bodhaig. Create life size drawings and label body parts</b>	Iarr air a' chloinn loidhne a tharraing timcheall air aon phàiste às a' bhuidheann. Biodh spòrs agaibh ga sgeadachadh agus a' cur aodann 's msaa air. Cuir leubailean air le ainmean nam pàirtean bodhaig a chì a h-uile duine.

**Pàirtean prìobhaideach na bodhaig** Mìnich gu bheil pàirtean den bhodhaig prìobhaideach. Tha prìobhaideach a' ciallachadh gur ann leatsa a tha iad agus nach bi thu gan sealltainn do neach sam bith eile – 's dòcha gum faic pàrant no neach-cùraim iad nuair a tha thu san amar/fhrasair, no ma tha iad gad chuideachadh a' cur ort aodach. Aig amannan 's dòcha gum feum dotair no nurs coimhead air na pàirtean prìobhaideach agad. 'S iad seo na pàirtean a tha fod dhrathais/fho-aodach.

Cleachd na dealbhan-loidhne de chorp an toiseach airson na h-ainmean a th' aig a' chlann mar-thà airson nam pàirtean-bodhaig a chì thu nuair a tha aodach air neach. An uair sin cuir leubail 'pit' air dealbh na h-ìghne agus 'bod' 's 'clach-bhalg' air dealbh a' bhalaich.

Faighnich dhan chloinn mu ainmean eile a th' aca airson pit agus bod – tarraing an aire thuca gu lèir. (Bidh magadh 's gàireachdaich ann mu na h-ainmean ach bhon as e prìomh phuing teagaisg a th' ann na faclan cearta ionnsachadh agus a chleachdad, na biodh dragh oirbh mun ghàireachdaich.)

Deànaibh còmhradh mu na tha eadar-dhealaichte eadar bodhaigean bhalaich agus nigheanan ag ainmeachadh bod agus pit.

Tha cothrom agaibh bruidhinn mu na tha prìobhaideach agus na faclan cearta a chleachdad airson nam pàirtean bodhaig ma dh'fheumas sibh taic a thoirt do phàiste 's iad air iad fhèin a fhliuchadh/a shalach. *"Cuiridh sinn aodach glan ort a-staigh an seo, seo dhut nèapraig airson do phit a shuathadh."*

*NOT:* Do chuid de chlann 's dòcha gum bi feum air dotair no nurs airson sgrùdadh meadaigeach a dhèanmah air buill-gineamhainn pàiste. Faodaidh sibh obrachadh còmhla ri pàrantan/luchd-cùraim gus am pàist' a chuideachadh a thaobh briathrachas agus fèin-riaghlaidh sna suidheachaidhean seo, a' brosnachadh deagh thugse, còmhradh agus aonta.

**A' cleachdadh prìomh fhaclan:** Seo teacsa a dh'fhaodas sibh a chleachdad nuair a tha sibh a' mìneachadh nam faclan seo. Faodaidh an tidsear/ neach-foghlaim töiseachadh leis na faclan a bhios a' chlann a' cleachdad, a' gabhail ris gum bi iad a' cleachadh fhaclan mar bigean, clibean, peitseag, duillean, gobhal, agus an uair sin ag ionnsachadh nam faclan a mhiannaicheadh sinn iadasan a chleachdad.

**Sinean:** Tha sinean aig balaich agus nigheanan. Nuair a dh'fhàsas nighean, fàsaidh cìochan oirre. Ma bhios bëibidh aig boireannach, 's urrainn dhi am bëibidh a

bhiathadh bho ciòchan; gheibh am bèibidh bainne à sinean a mhàthar. Uaireannan bidh daoine a' faighneachd, "Ma thà, carson a tha sinean air fireannaich?" Bidh gach bèibidh a' fàs san aon dòigh gus am bi am màthair mu 8 seachdainean trom, agus tha sinean na phàirt dhen sin. Mar sin ma tha am bèibidh a tha a' fàs ann am màthair gu bhith na bhalach, bidh sinean fhathast air.

**Bod:** Tha bod air balaich. Nuair a thèid balach dhan taigh-bheag a mhùn, (*faigh fios an seo air na faclan a bhios clann a' cleachdadadh, me bigean, clibeagan msaa*), bidh e a' tighinn às a bhod.

**Clach-bhalg agus magairlean:** 'S e seo am pocan beag de chraiceann a tha crochte fo bhod balaich. Na bhroinn tha dà bhall bheag ris an can sinn magairlean.

**Pit:** Tha pit air nigheanan. Nuair a thèid nighean dhan taigh-bheag a mhùn, (*faigh fios an seo air na faclan a bhios clann a' cleachdadadh, me duillean*), bidh e a' tighinn a-mach às a pit. Uaireannan bidh daoine a' cleachdadadh an fhacail faighean ach 's e am faighean am pàirt a tha air an taobh a-staigh. Thoir an aire: ma chleachdas pàiste am facial faighean airson a' phàirt seo, faodaidh sibh a ràdh Uaireannan bidh daoine a' cleachdadadh an fhacail pit ach tha a' phit am broinn nighean. Mar sin, mas e nighean a th' annad, 's e a' phit am pàirt a chì thu eadar do chasan.

<b>Gan cumail fhèin glan</b>	Minich gu bheil e cudromach iad fhèin a chumail glan airson 's gum bi iad fallain. Mura cùm iad iad fhèin glan, faodaidh bitheagan fàs a dh'fhàgas iad tinn. Meòraich còmhla ris a' chloinn cò na pàirtean dem bodhaig a dh'fheumas iad a chumail glan – agus ciamar?
------------------------------	-----------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

<b>A' nighe làmhan</b>	Tha pasgan de stuthan-taic aig <i>Health Protection Scotland</i> . Gheibh sibh am pasgan an seo: <a href="http://www.washyourhandsofthem.com/children's-pack.aspx">http://www.washyourhandsofthem.com/children's-pack.aspx</a> Tha am pasgan làn de bheachdan agus stuthan a bhrosnaicheas clann gu bhith a' nighe an làmhan mar phàirt den bheatha làitheil aca. Chaidh am pasgan a dhealbh do chlann eadar aoisean 3 agus 6, agus tha stuthan na làraich seo a' cur taic ris. Gabhaidh am pasgan a luchdachadh a-nuas agus gheibhear na leanas ann:
------------------------	-------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------------

- Postair de *Handy* caractar cartùn a tha a' brosnachadh nighe làmhan gu cunbalach.
- Stiogairean de *Handy* ann an taighean-beaga agus aig sincean clasrum.
- Beachdan air diofar dhòighean gus nighe làmhan a bhrosnachadh mar rud àbhaisteach tron latha agus gus aire na cloinne a thogail.
- Clàr-phuingean spòrsail a thèid a lìonadh nuair a nigheas clann an làmhan – gabhaidh copaidh ùr a thoirt do sgoilearan gach seachdain.

- Stiogairean de *Handy* gus duais a thoirt do chlann airson a bhith a nighe an làmhan – ghabhadh an toirt seachad aig deireadh gach seachadain.
- DVD de *Handy* a' mìneachadh carson, cuin agus ciamar a bu chòir làmhan a nighe.

<b>A' nighe fiaclan</b>	Tha Childsmile ri fhaighinn anns gach sgoil-àraich agus cuid de chlasaichean C1. Tuilleadh an seo: <a href="http://www.child-smile.org.uk/professionals/index.aspx">http://www.child-smile.org.uk/professionals/index.aspx</a> Cuidichidh an leabhar-latha nighe-fiaclan seo clann agus pàrantan/luchd-cùraim gus samoineachadh air cho cudromach 's a tha slàinte beòil: <a href="http://www.child-smile.org.uk/uploads/documents/4352-MyToothbrushingDiary3_6.pdf">http://www.child-smile.org.uk/uploads/documents/4352-MyToothbrushingDiary3_6.pdf</a>
<b>Dèan postairean mu nighe làmhan agus glanadh fiaclan.</b>	Dèanaibh postairean a chuireas an cuimhne clann an làmhan a nighe agus na fiaclan aca a ghlanadh.

### Tuilleadh mu Childsmile

Tha luchd-obrach NHS aig Childsmile anns gach sgìre, lorg fiosrachadh mun sgìre agadsa an seo: <http://www.child-smile.org.uk/contacts/coordinators.aspx>  
Fiosrachadh do phàrantan agus luchd-cùraim air Childsmile: <http://www.child-smile.org.uk/parents-and-carers/index.aspx>

### Fiosrachadh do phàrantan

Parents@Sandyford offers a range of information and support to parents and carers of children aged 5 and under. <https://www.sandyford.org/parents-sandyford/pre-5/>

## LEABHRAICHEAN A LEUGHAS SIBH CÒMHЛА NO A GHEIBH SIBH AIR IASAD

### Thoiribh sùil air an liosta shìl a gheibhear aig Tràth-ìre

Bheir na leabhraichean seo cothroman còmhraig dhuibh air na cuspairean ris a bheilear a' dèiligeadh, gabhaidh iad cleachdadadh còmhla ri clas no buidheann, an leughadh do dhithis no barrachd chloinne gus taic a chur ri prìomh phuingean ionnsachaidh. Dh'fhaodar pàrantan agus luchd-cùraim a bhrosnachdh gus an leughadh san dachaigh cuideachd.

### My body: Usborne Very First Words (Board Book)

Felicity Books

ISBN 9781409535331

Tha an leabhar-dheilbh seo a' fosgladh cuspair cudromach a tha a' còrdadh ri clann òga. Na bhroinn tha na h-ainmean airson diofar phàirtean dhen bhodhaig, na mothachaidhean, aodach, rudan a nì sinn agus na dh'fheumas ar bodhaigean airson a bhith fallain.

### **Lift the flap Questions and Answers about my body**

Katie Daynes

ISBN 9781409562108

Tha freagairtean airson mòran de cheistean chloinne mum bodhaigean san leabhar seo le flapaichean son an togail. Nam measg, Carson a tha fàileadh agam? Carson a bhios mi a' brùchdail? Carson a dh'fheumas mi mo làmhan a nighe? Carson a tha fuil dearg? Agus mòran eile. Tha an leabhar làn dhealbhan eimseach le tàrr fiosrachaидh a chuidicheas le freagairtean do dh'iomadach ceist a bhios clann òga a' faighneachd, ann an dòigh chàirdeil, shìmplidh. Le còrr 's 60 flap ri thogail.

### **All about Me**

Debbie MacKinnon agus Anthea Sieveking

ISBN 07112 11000

A' glacadh spionnadhl clann òga 's iad ag ionnsachadh mum bodhaigean agus mun deidhinn fhèin le bhith ag ainmeachadh, a' cunntadh, ag ionnsachadh agus a' dèanamh coimeas.

### **Your body belongs to you**

Cornelia Spelman

ISBN 978-0-8075-9473-5

Ann an cànan sìmplidh, cuideachail tha an t-ùghdar a' mìneachadh gum faod clann fasgadh càirdeil no pòg a dhiùltadh, fiù 's bho chuideigin air a bheil gràdh aca, agus gum faod iad fhathast a bhith nan caraidean. Tha an teacsa agus na dealbhan a' cur an cuimhne chloinne gu bheil na faireachdainnean aca a' cunntadh. Dòigh dheimhinneach agus thaiceil.